



## Cairt Co-ionannachd

### *Fiosrachadh Neach-lagha*

*Bu chòir dhut iarraidh air an tagraiche a' chairt seo a leughadh. Bheir an tagraiche dhut an còd freagairt a dh'fheumar a lìonadh a-steach ann an Earrann H de fhoirm iarrais comhairle agus cuideachaidh.*

## **Fiosrachadh co-ionannachd a dh'fheumas tusa, an tagraiche, a lìonadh a-steach.**

Feumaidh Bòrd Taic Laghail na h-Alba fiosrachadh a thional gus sùil a chumail air co-ionannachd chothroman do dhaoine a tha a' cur a-steach airson agus/no a' faighinn sheirbhisean a tha pàighte a-mach às a' mhaoineachadh poblach a tha sinn a' riaghladh.

Mar eisimpleir, tha dleastanas òirnn fo Achd an Dàimh Chinnidh (Atharrachadh) 2000, sùim cheart a bhith againn ann an coileanadh ar n-obrach, a thaobh feum air cuir às do leth-breith mì-laghail, agus co-ionannachd chothroman is dàimh cinnidh math adhartachadh.

**Bu chòir dhut na ceistean air a' chairt seo a leughadh agus na freagairtean agad innse dhan neach-lagha agad.**

Tha lìonadh a-steach na h-earrainn seo saor-thoileach.

**CHA TÈID** am fiosrachadh a bheir thu seachad anns na

freagairtean agad a chleachdadh gus co-dhùnadh air a bheil  
thu airidh air cuideachadh laghail.

## Ceist 1

**MURA BHEIL** thu airson ceistean **SAM BITH** a fhreagairt air co-ionannachd:

- abair ris an neach-lagha agad crois a chur ann am bocsa 1.

## Ceist 2

**Ciamar a mhìnichadh tu do thùs cinneachail?**

Feuch gun seall thu dè na buidhnean leis as motha a tha thu a' dearbh-aithneachadh. Innis dhan neach-lagha agad an àireamh a tha ri taobh do fhreagairt.

Bu chòir dhut aon fhreagairt a thoirt à Pàirt A agus aon à Pàirt B.

## PÀIRT A

1. Breatannach no Breatannach measgaichte
2. Albannach
3. Sasannach
4. Èireannach
5. Cuimreach
6. Seòrsa eile
7. Chan eil mi airson freagairt

Ma fhreagair thu **SEÒRSA EILE**, faodaidh tu iarraidh air an neach-lagha agad freagairt àraid a sgrìobhadh a-steach.

## **PÀIRT B**

### **Àisianach**

10. Bangladaiseach
11. Innseanach
12. Pacastàineach (Pagastànach)
13. Dualchas Àisianach eile - *a-nis rach gu Pàirt C*

### **Dubh**

14. Afracànach (Afragànach)
15. Cairibiànach
16. Dualchas Dubh eile - *a-nis rach gu Pàirt C*

### **Sìonach**

17. Dualchas Sìonach sam bith - *a-nis rach gu Pàirt C*

### **Dualchas Cinneachail Measgaichte**

18. Aisianach agus Geal
19. Cairibiànach Dubh agus Geal
20. Afracànach (Afragànach) Dubh agus Geal
21. Cinneadh Measgaichte eile - *a-nis rach gu Pàirt C*

### **Geal**

22. Dualchas Geal sam bith - *a-nis rach gu Pàirt C*

### **Dualchas Cinneachail sam bith Eile**

23. Dualchas Cinneachail sam bith Eile - *a-nis rach gu Pàirt C*

## Gun Fhreagairt

24. Chan eil mi airson freagairt

## PÀIRT C

Ma fhreagair thu **EILE** ann am Pàirt B:

Mas math leat faodaidh tu iarraidh air an neach-lagha agad freagairt àraid a sgrìobhadh a-steach.

### Ceist 3

Tha Achd Leth-breith Ciorraim a' mìneachadh ciorram mar:  
"milleadh corporra no inntinneil aig a bheil buaidh calltach làidir agus fad-ùine air comas neach obair làitheil a choileanadh".

**A bheil thu den bheachd gu bheil ciorram ort?**

1. Tha
2. Chan eil
3. Chan eil mi airson a' cheist a fhreagairt.

**Tapadh leat airson na ceistean a fhreagairt.**

Foillsichte le Bòrd Taic Laghail na h-Alba  
44 Gàrraidhean Drumsheugh, Dùn Èideann EH3 7SW  
Fòn: 0131 226 7061 Làrach-lìn: [www.slac.org.uk](http://www.slac.org.uk)

